


Hall 195 h. 1(1-22)

National Library of Scotland



\*B000274327\*

## THE SPIRITUAL GUIDE.

## AM FEAR-IUIL SPIORADAIL.

Tha eisimpleir an abstoil Phoil a' teagasg do'n chriosduidh " amharc ni h-ann air na nithe a tha r'am faicinn, ach air na nithe nach eil r'am faicinn." Is e gu' bheil sinn a deanamh dearmaid air an aithne so is aobhar d'ar tuislidhibh air an t-slighe troimh 'n t-saoghal so. Air ar cuartachadh mar 'tha sinn le cuspairibh feolmhor, agus air ar cleachdadh ri " nithe a tha r'am faicinn," tha sinn tuille a's tric a call seallaidh air na nithe is cudthromaich agus do'n d' thigeadh dhuinn am barrachd aire thabhairt.

An uair a tha peacach an tus air a thoirt fuidh theagasg Spioraid Dhe, tha na seallaidh is àluine agus is druidhtiche air an leigeadh ris dha. Is e so an ni ris an deir na sgrìobtur, air a chuid as mo, " taisbeanadh Iosa Crìosd;" agus tha iad ga choimeas ris an t-solus a shoillsich air tus anns a chruthachadh nadura: " Is e Dia a thubhairt ris an t-solus a soillseachadh a dorchadas, a dhcalraich ann ar cridhibh-ne." Trid an t-soillsicheadh ghràs-mhor so, tha an neach a bha aon uair na " dhorchadas, anis na sholus anns an Tighearna." Tha na nithe nach comasach fhaicinn leis an t-suil nadura air an leigeadh ris do shuil a chreidimh. Tha c faicinn a nis a staid chiontach agus lag fein; tha e faicinn an leir-sgrìos siorruidh a ta feitheamh air, tha e faicinn gloir, agus oirdheirceas, agus freagarachd, an Tighearn' Iosa Crìosd mar Shlanuifhear uile-fhoghainteach, agus tha e faicinn diomhanas gach cuspair aimsireil, agus co fagus, co cinnteach, agus cudthromach na nithe a ta Siorruidh. Is e creidimh dhasan " brìgh nan nithe ri'm bheil dochas, dearbhadh nan nithe nach faicear:" tha inntin suidhichte; tha 'shuil agus a chridhe làn; tha e faicinn nan geallana, ach fad as; tha dearbh-bheachd aige gum bheil iad fìor, agus tha c deanamh greim orra, agus tha e 'g aidmheil gur coigreach agus fear-cuairt air thalamh e.

Bu shona 'bhiodh a chuis nam buanaicheadh an crìosduidh mar so: Ach cha bhunaich; tha an saoghal

ga theanachadh air gach taobh; tha cùram mu nithe na beatha so, mealltaireachd saibhreis, agus anamiana nithe eile tuille is ullamh gu 'thoirt a thaoibh; tha “na nithe a tha r'am faicinn,” aig iarraidh còir air tomhas nach buin doibh d'a aire. Cha 'n 'eil gràdh Chrìosd,—an gràs ealamh, steidheil, deanadach agus co-eigniche sin—ga eiridein anns a chridhe am bheil creideamh a faghail bhàis. Tha aig Satan, aig a pheacadh, agus aig an t-saoghal tuille sa chòir a dh' uachdranachd air an inntin, agus is e cuis is muladaiche gur h-ann an uair is truime agus is cunthartaiche galar ar n'anma is suaraiche a tha sinn uime! Mar nach eil geur-phian anns a bhall d'ar corp anns am bheil marbh-fheoil, mar sin, mar as faide theid sinn air seachran o Dhia is ann is lugha ar n'iomguin ma'r staid, agus is lugha ar togradh gu pilleadh!

Ach cha 'n 'eil e mi-nadura ged fheoraich neach, Cìod iad na meadhona is coltaich, ann an lamhan an Spioraid shiorruidh, a chum an crìosduidh a ta dol eug a bheothachadh, agus a bhrosnachadh gus “a bheatha ta e caitheamh san fheoil a chaitheamh tre chreidimh mhic Dhe?”

1. Tha orduighean follaiseach tighe Dhe sonnruichte chum na criche so. Is e focal De am meadhon gnath-aichte trid am bheil beatha, neart, dùrachd, agus cràbh-adh air an dusgadh na'r n'anmadh, Is e an teachdantir a dhòrduich Dia e chum an cruthachadh spioradail a bheathachadh. Trid an fhocail tha nithe a bliuineas do'n t-saoghal shiorruidh air an càradh r'ar n'inntin le ùr-chumhachd; tha sinn air ar neartachadh leis gu cur an aghaidh an t-saoghail a ta co ullamh gus ar riobadh; tha glòir na staid spioradail a ris air a leigeadh ris do'n t-sealladh, “tha Iosa Chrìosd air a nochdadh gu soilleir fa chombair ar sùl, air a cheusadh na'r measg.”

2. Tha bhi *leughadh* nan sgrìobtur gu curamach ceart co cudthromach; is iad na sgrìobtur ar riaghlait, ar compaist, agus ar cairt-iull: tha iad air leth o bharaibh luaineach, aineolach agus tuathal an t-saoghail. Tha gach staid an urra aon a bhith air a laimhseachadh annta, gach miann air a shàsachadh, agus gach cruaidh-chas air ullachadh air a shon. Is ann leo, le iad a bhi folaichte n'ar cridhe, agus air an toirt gu fein-fhios-



rachadh tre chreidimh, a bhios sinn comasach cur an aghaidh peacaidh, agus coinneamh a thoirt do Shàtan; is ann leo a bheothaichear sinn an uair a bhios sinn a dol eug, a gheibh sinn sòlas an an-dochas, agus seoladh an uair a bhios sinn an teagamh.

3. Ach as eugais ùrnuigh dburachdach agus bhunailteach theid gach meadhon am mughha. Is e so an dleasdanas a chum am feum an criosduidh a ta dol air ais a bhi air earalachadh. Cha 'n 'eil olc na'r gluasad no na'r caithe-beatha nach feudar a lorg gu'r clòsaid, "cha 'n 'eil againn do bhri nach eil sinn aig iarraidh." Is i urnuigh anail spioradail a chrìosduidh: esan nach eil a g-urnuigh cha 'n 'eil beatha ann. Cha 'n 'eil dleasdanas ann is fearr agus is deise chum neart a pheacaidh a lagachadh, agus buaidh a thoirt air a chumhaclid mhillteach a th' aig a'r co-luadair ris an t-saoghal oirn, na co-chomun naomha ri Dia; no ni'm bheil dleasdanas ann is fearr a chum gach aigne agus togradh neamhaidh a bheothachadh, a mheadachadh, agus a neartachadh. Is ion-iomguinn e gum bheil an t-àireamh is mo do chrìosduidhibh a teachd fada gearr anns an dleasdanas so: Is e co fuarchrabhach agus co goirid 'sa tha ar nùin air ar gluinibh, agus leis am bheil a chuid is mo again toillichte is fìor mathair-aobhair d'ar tuislidhibh, agus d'ar gearrain ioma-gnethach. Tha e air aithne dhuinn "urnuigh dheanamh gun sgar," "faire a dheanamh chum urnuigh," "san uile ni le h-urnuigh agus asluchadh, maille ri breith buidheachais ar n-iarrais a bhi air an deanamh aithnichte do Dhia." Nam bu mhiann leinn buaidh fhaotinn mar Iacob, is eigin duinn gleachd cosmhuil ris.

San àite ma dheireadh. Tha e na mheadhon sonnaicht a chum mothachadh nithe neamhuidh a chumail do ghna air ar n-inntin ar spiorad a chumail iriosal, agus cuimhne chumail nach 'eil annainn fein maith air bith. Is e an neach is mo mothachadh air co feumach 'sa tha e, agus is durachdaich a dhaslaicheas an spiorad Naomh a chum a shcoladh, a shoillseachadh, agus a naomhachadh is fearr a shoirbhicheas. Feudaidd earail an diàdhair Iude a bhi le tairbhe air a cur ris gach dleasdanas eagsamhuil. Tha e aig earralachadh oirn, "urnuigh a dheanamh san Spiorad Naomh," "'se sin, urnuigh

dheanamh fuidh' theagasg agus le ghràs. Cia be ni ris an cuir an criosduidh a lamh deanadh e san Spiorad e; Ma tha e 'leughadh a Bhiobuil leughadh e san Spiorad Naomh e. Ma tha e 'g eisdeachd an t-soisgeil ga shearmonachadh eisdeadh e san Spiorad Naomh e. Ma tha e 'g urnuigh, no beachd-smuaineachadh, no ga cheasnachadh fein do thaobh a staid, no 'g aidmheil a pheacaidhean, deanadh e san Spiorad Naomh e

Gu'n lionadh Dia an dòchais sinn do'n uile aoibhneas agus shioth-chaint ann an creidsinn, chum gu'm bi sinn saibhir ann an dòchas, tre chumhachd an Spioraid Naomh! Rom. xv. 13.

O! nach robh m' imeachd dlu ri Dia,  
Le inntinn dhiadhaidh 'n cluain!  
Nach dealradh solus air an t-sligh'  
Ta treòrach chum an Uain!

C'ait bheil an sonas bh' agam pailt  
'Nuair bhlais mi'n Tighearn' an tùs,  
An sealladh-dheanadh-anma-ait  
De Ios' 's de Fhocal naomh?

Bu shioth-chail ciuin na trai' bha'n sud,  
Cia milis fathasd an cuimhn'!  
Ach dh' fhalbh iad, 's gus an d' thig iad 'rls  
Cha tog mo chridh' a chaoidh!

Pill fath'st a Chol'main naoimh; O pill,  
A theachdair' ait na sith;  
'S fuath leum am peacadh thug ort bròn  
'S a dh' fhogair thu o m' chridh'!

O! cuidich chum gach iodhol ùr,  
Cia' air bith co dlù ar daimh,  
Cuidich an reuba tur o m' chridh'  
Is sleuchdam dhuitse amhain.

An sin bidh m' imeachd dlù ri Dia,  
Bidh m-inntin dhiadhaidh 'n cluain,  
'S bidh barrachd soluis air an t-sligh'  
Ta treòrach' chum an Uain.

---

#### GLASGOW:

*Printed by J. Niven & Son, Glassford Street,*  
For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and Sold at their  
Depositories, 158, Trongate, and 99, Buchanan Street.  
And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depositories,  
6, East Register Street.



